

NA DUILLEAGAN GAIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LUIB LIFE AND WORK

AIREAMH 9 | 2013 | AN T-SULTAIN

Facal Toisich

Aig aon àm ann an seirbheis Ghàidhlig cha chluinneadh tu ach aon ghuth, no a' dhà, co-dhiù. Bhiodh am ministear a' dèanamh gach nì anns an t-seirbheis, ùrnaighean, leughadh agus searmon. Bhiodh cuideigin air ceann na seinn agus cha bhiodh cothrom aig a' choitheanal compàirt a ghabhail gu follaiseach anns an adhradh ach a-mhàin anns an t-seinn.

'S toigh leam fhèin seirbheis far nach eil ceann reamhar na maraige, no 's dòcha a' mharag air fad, aig an duine a tha air ceann an adhradh. An-diugh chan e annas a tha ann ball den choitheanal a bhith a' leughadh nan Sgrìobtar. Tha sin a' toirt beagan fois don mhinistear agus cuideachd tha e math guth eile a chluinntinn anns an t-seirbheis. Ann an cuid de sheirbheisean cuiridh cuideigin eile suas facal ùrnaigh a bharrachd air a' mhinistear.

Cha robh e 'na chleachdadh ann an seirbheisean Gàidhlig Urnaigh an Tighearna a ghabhail. Bidh mise air ceann dà sheirbheis Ghàidhlig gach mìos agus bidh sinn an còmhnaidh a' crìochnachadh na ceud ùrnaigh le Urnaigh an Tighearna agus bidh cothrom aig a' choitheanal air fad a ghabhail ma thogras iad. Ged a tha sinn uile air a bhith eòlach air faclan Urnaigh an Tighearna o làithean ar n-òige, tha iad cho brìoghmhor an-diugh agus a bha iad a' cheud latha a dh'ionnsaich sinn iad.

Feumaidh cuideigin an t-seirbheis a stiùireadh, ach saoilidh mi gu bheil faireachadh aig a' choitheanal nach e obair aoin duine a tha ann ma tha barrachd air aon neach a' ghabhail compàirt. Aig adhradh teaghlach bhiodh e tric a' tachairt gum biodh gach ball den teaghlach a' ghabhail turais ma seach ann a bhith a' leughadh earrainn as na Sgrìobtaran.

**Leis a h-uile deagh dhùrachd,
Ruairidh MacLeòid.**



Seo eaglais Chill Meanaidh ann an Ile. Bha eaglais air an làraich seo on ochdamh linn deug, ach chaidh a cumadh as-ùr ann an 1829-30 le Bhaltair Caimbeul. Bha an taigh-adhradh seo làn air latha grianach anns an luchar nuair a chaidh an t-Urr. Valerie Watson a phòsadh ri Cille Chomain, ceangailte ri Cill Mheanaidh agus Port na h-Abhainne. Chaidh grunn math de bhuill Clèir Earra Ghàidheal a-null air an aiseag airson a bhith an làthair aig an t-seirbheis shònraichte seo.

Cùil Nan Ceist

'S ann mu ùrnaigh a tha na ceistean a tha sinn a' togail an turas seo. Gheibh sibh gach freagairt anns a' chaibideil anns a' Bhìoball a thèid ainmeachadh. Tha fuasgladh nan ceist cuideachd air an duilleig chùil.

1. Cò a rinn ùrnaigh ri Dia nuair a bha Abimelech air a leigheas? (Genesis, caibideil 20.)
2. Lìon a' bheàrn: "Sheas am ----- leis fhèin, agus rinn e ùrnaigh." (Lùcas, caibideil 18.)
3. Cò an dithis a rinn ùrnaigh mu mheadhan-oidhche? (Gnìomharan, caibideil 16.)
4. Cò ris an tubhairt an t-aingeal gun d'fhuair 'ùrnaigh freagairt? (Lùcas, caibideil 1.)

Coigrich – 1

Tha sinn a’ cluinntinn cuid mhath an-diugh mu choigrich. Feadhainn à dùthchannan eile a’ tighinn a Bhreatann, cuid dhiùbh a chionn gu bheil am beatha ann an cunnart ‘nan dùthaich fhèin, cuid eile a’ lorg cothroman cosnaidh an seo nach biodh aca anns na ceàrnaidhean fìor bhochda far an robh iad a’ fuireach.

Nuair a choimheadas sinn air ais ann an eachdraidh chì sinn gu robh na milleanan ann a bha a’ fàgail na dùthcha aca fhèin airson dachaigh ùr a dhèanamh ann an tìr eile. Bha na mìltean de Ghàidheil air am fuadach, agus gu leòr a chaidh air an imrich len toil fhèin, a chuir an aghaidh air Canada, air Amaireaga, air Astràilia. Tha fios gun do dh’fhairich iadsan ‘nan coigrich nuair a ràinig iad na ceàrnaidhean sin an toiseach is iad cho fada air falbh o thìr nam beann ‘s nan gleann ‘s nan gaisgeach.

Bha na h-lùdhaich eòlach air a bhith ‘nan coigrich. Bha e air àithne dhaibh co-fhaireachdainn a bhith aca ri coigrich a chionn gu robh fiosrachadh pearsanta aca fhèin air cò ris a bha e coltach a bhith nad choigreach. Bha iad ‘nan coigrich ann an tìr na h-Eiphit, seadh, ‘nan tràilleann, far an do rinn am maighistirean am beatha searbh le daorsa chruaidh. Bha iad ‘nan coigrich ann am Bàbilon far an robh iad ‘nam fògarraich, agus sluagh na dùthcha a’ magadh air an cleachdaidhean, air an cànan, air an creideamh. Ann an leabhar Dheuteronomi tha sinn a’ leughadh: *Gràdhaidhidh sibh an coigreach; oir bha sibh fhèin nur coigrich ann an tìr na h-Eiphit.*

An-diugh tha daoine à iomadh ceàrn de Bhreatann, gu dearbh à iomadh ceàrn den t-saoghal, air an dachaigh a dhèanamh am measg nan Gàidheal. Tha mi an dòchas gun cuir sinn fàilte orra agus gum fairich iad gu bheil iad ‘nam pàirt de bheatha na coimhearsnachd agus de bheatha na h-Eaglais.

Aon Bhunait Threun na h-Eaglais

‘S e bunait threun na h-Eaglais

A Tighearn Iosa Crìosd;

‘S e thug dhi bith is beatha

*Tre uisg’ is ‘fhacal fìor;
O nèamh thàinig g’a teàrnadh
Gu bhith dha pòst’ gu bràth;
Cheannaich E le ‘fhuil i,
Is fhuair i buaidh tre ‘bhàs.*

*Air a gairm o iomadh dùthaich,
Ach aonaichte fon ghrèin;
‘S e seo a cùmhnant slàinte:
Aon Tighearn’, aon bhreith, aon chreud.
Do aon ainm naomh nì seirbheis,
A dh’aon aran gheibh compàirt,
Tha a h-aghaidh air aon dòchas,
Air a lìonadh le gach gràs.*

*Measg cruadail agus connspoid,
Is cogadh a tha cruaidh,
Tha a dùil ri deireadh iomlan,
Sin sìth gu sìorraidh buan,
Gus am faic fa-dheòidh a sùilean
An sealladh glòrmhor àigh,
Is an dèidh buaidh sa bhatail
An sin gheibh d’Eaglais tàmh.*

*Tha aonadh aic’ san t-saoghal
Ri Dia, an Trì-an-Aon,
Is caidreamh milis diamhair
Ri creidmhigh ràinig saors’.
Nach sona naomh an staid-san,
Dhè, thoir dhuinn gràs a-ghnàth
Ach am bi sinn mar do chaomh-shluagh
An comann riut gu h-àrd.*

Aig seirbheis Ghàidhlig ann an Loch Geàrr dh’fhaighnich Dòmhnall MacLeòid, a tha a’ fuireach air Tairbeart Loch Fin, don Fhear-dheasachaidh an robh lorg aige air eadar-theangachadh den laoidh, *The Church’s One Foundation*. Rinn e rannsachadh, ach cha d’fhuair e eadar-theangachadh ann an gin de na leabhraichean.

Leabhraichean

B’ e an t-Urr. Iain MacRuairidh an darna Fear-deasachaidh a bha air *Na Duilleagan Gàidhlig*. Bha e anns an dreuchd sin o 1887 gu 1907, agus bu ghrinn an obair a rinn e. Ged a bha fios agam gu robh e air mòran a sgrìobhadh a bharrachd air na rinn e airson na h-iris seo, tha an leabhar ùr seo a dheasaich Calum Laing a’ dearbhadh cho iongantach agus a bha an t-saothair a bha aig an sgoilear seo mar fhear-sgrìobhadh, mar eadar-theangair agus mar bhàrd.

Tha iomradh againn anns an leabhar air eachdraidh beatha MhicRuairidh, a rugadh ann am Beinn na Fadhla, agus a bha ‘na mhinistear ann an Ile, ann an Tiriodh agus ann an Snitheasort. Rinn e obair mhìorbhaileach ann a bhith a’ toirt taic do dh’irisean, leithid *MacTalla* ann an Ceap Breatainn, agus pàipearan anns an dùthaich againn fhèin, mar a bha *The Northern Chronicle* agus *The Highlander*.

**An t-Urramach Iain MacRuairidh
A Bheatha agus na Sgrìobhaidhean aige
Calum Laing
(air fhoillseachadh le Clàr. £6.99.)**

Bha Iain MacRuairidh ‘na Fhear-deasachaidh air *Na Duilleagan Gàidhlig* nuair nach robh na h-innealan ann a tha a’ dèanamh obair deasaiche gu math nas fhasa an-diugh. Tha Calum Laing a’ nochdadh mar a bha mìosan ann nuair a sgrìobh e fhèin a h-uile facal a tha anns an iris gun chuideachadh o sgrìobhadairean eile.

Tha sinn fada an comain Chalum Laing airson leabhar cho feumail agus cho inntinneach a thoirt dhuinn. Tha e air rannsachadh farsaing agus mionaideach a dhèanamh air na sgrìobhaidhean aig bràthair a sheanar. Bu chòir dhuinn taing mhòr a thoirt cuideachd do *Chlàr* airson leabhar cho eireachdail fhoillseachadh air prìs cho reusanta. Tha an leabhar seo cho saor agus gum biodh e furasta a’ dhà a cheannach – leth-bhreac dhut fhèin agus leth-bhreac eile mar thìodhlac do charaid.

Mar sin b'fheudar dha fhèin an laoidh a thionndadh gu Gàidhlig. Sgrìobh an t-Urr. Sàmuil Iain Stone (1839-1900) an laoidh seo ann an 1866. Bha uallach air a' bhàrd gu robh cuid am broinn na h-Eaglais a' gluasad air falbh o bhunaitean an t-Soisgeil. Anns an laoidh tha e gar toirt air ais gu fìor bhunait na h-Eaglais, an Tighearna Iosa Crìosd.

Searmon Beag

Ciod a tha a dh'uireasbhaidh orm fhathast? (Mata 19:20)

Canaidh sinn uaireannan, *Dè a bheir thu don duine aig a bheil a h-uile rud mar-thà?*

Tha sinn a' leughadh anns an Tiomnadh Nuadh mu dhuine aig an robh, a rèir coltais, a h-uile nì air an robh e a' cur feum.

Smaoinich mionaid no dhà air na rudan a bha ann am fàbhar an duine seo.

An toiseach, bha 'òige aige.

Nuair a bhios sinn a' fàs nas sine cha bhi sinn cho luath, cho fallainn agus a bha sinn. Tha an soisgeulaiche ag innse gu robh an duine seo òg, a' bheatha a' sìneadh a-mach air thoiseach air. Bha eud agus beòthalachd na h-òige aige.

Tha e soilleir cuideachd gu robh a shlàinte aige.

Thàinig an duine seo 'na ruith gu Iosa. Cha tàinig e a' lorg leigheis airson tinneis no laigse air choireigin a bha air. 'S e rud mòr a tha ann do shlàinte a bhith agad.

Tha Lùcas 'na shoisgeul ag innse dhuinn gur e *uachdaran* a bha anns an duine seo.

'S e a bha an seo fear aig an robh ùghdarras agus inbhe am measg an t-sluaigh. Bha e 'na bhall de chomhairle-riaghlaidh nan Iùdhach. Bhiodh e air a thaghadh airson na dreuchd sin a chionn gu robh comasan inntinn, comasan spioradail, aige.

Tha iomradh againn ann an trì de na soisgeulan gur e duine saidhbhir a bha seo.

Anns an linn sin bha mòran bochdainn am measg an t-sluaigh. Choinnich Iosa ri Bartimèus a bha ag iarraidh dèirce ri taobh an rathaid. Bhiodh iomadh Bartimèus air feadh na tìr.

Tha a h-uile coltas ann gur e duine moralta, beusach, 'na

dhòigh-beatha a bha anns an duine seo. Cha b'urrainn do chàch coire fhaighinn air a thaobh a chaitheamh-beatha. *Choimhead mi iad sin uile om òige*, thubhairt an t-òganach saidhbhir mu na h-àithneantan. *Ciod a tha a dh'uireasbhaidh orm? Dè a tha a dhìth orm fhathast?*

Cha robh òige a dhìth air. Bha e fhathast ann am madainn na h-òige. Cha robh slàinte a dhìth air. Bha e ann an trèin a neirt. Cha robh saidhbheas a dhìth air an duine seo. Cha robh dìth moraltachd air.

Bhlàthaich cridhe Iosa ris an òganach seo. *Air adharc do Iosa air, ghràdhaich E e*, tha Marcus a' sgrìobhadh.

Ciod a tha a dh'uireasbhaidh orm fhathast? thubhairt an t-òganach saidhbhir. A rèir coltais bha e fhathast mothachail air falamhachd 'na bheatha. Bha an-fhois 'na chridhe, a dh'aindeoin na bha aige de shochairan, de chothroman.

Fhuair an t-òganach freagairt ris nach robh dùil aige. *Tha aon nì a dh'uireasbhaidh ort. Aon nì.* Nach e a bha faisg air rìoghachd Dhè. *Mas àill leat a bhith coileanta, imich, reic na bheil agad, agus tabhair do na bochdan, agus gheibh thu ionmhas air nèamh; agus thig, agus lean mise.*

'S dòcha gun fhios don duine seo bha a shaidhbheas air fàs 'na iodhal dha. Cha do thuig e chun an latha sin cho làidir agus a bha an greim a bha aig nithean an t-saoghail seo air.

Bha daoine saidhbhir eile anns na Sgrìobtaran agus cha robh am beairteas a bha aca a' tighinn eadar iad agus Dia. Bha Iòseph o Arimatea 'na dhuine saidhbhir. Ach cha do chum a bheairteas e o bhith a' leantainn Chrìosd agus o bhith a' dèanamh seirbheis dha.

Bha toiseach tòiseachaidh gealltaineach aig an naidheachd seo, agus an t-òganach saidhbhir a' tighinn 'na ruith gu Iosa, a' lorg slighe na slàinte.

Ach tha crìoch dhuilich aice. *Nuair a chuala an t-òganach na briathran sin, dh'fhalbh e gu brònach: oir bha mòr-shaidhbheas aige.*

Dè a bha a dh'uireasbhaidh air an duine seo? Cha robh e deònach slighe a' chrainn-cheusaidh a ghabhail. Thuig e gu robh e a' dol a chosg rud-eigin dha Iosa a leantainn, agus cha robh e deònach an ceum sin a ghabhail, ceum a' choisrigidh. Agus dh'fhalbh e gu brònach.

Agus bha Iosa brònach cuideachd, glè bhrònach, gun tug an duine seo a bha a' coimhead cho gealltaineach ceum air ais. Chan eil E airson gun cuir daoine cùl ris. Tha E airson gun lean iad E.

Gàidhlig Shìmplidh

28 Ceann-teagaisg airson a' mhios seo: "Dh'fheith mi le foighidinn ris an Tighearna." 'S dòcha gun aithnich sinn na faclan sin. Tha iad anns an dà fhicheadamh salm, a' cheud rann. (Salm 40:1.) Chan eil e furasda a bhith foighidneach. Anns an latha againne tha daoine ag iarraidh a h-uile rud a bhith a' tachairt gu luath. Ach ann an iomadh suidheachadh feumaidh sinn a bhith foighidneach. Feumaidh an tuathanach a bhith foighidneach. Cuiridh e an siol aig àm an earraich. Ach chan fhaic e an toradh gun an tig am foghar.

28 'S toigh leam mìos na Sultain. Glè thric bidh side mhath againn aig an àm seo den bhliadhna. Bidh coigrich a' faighneachd cuin a bu chòir dhaibh tadhal air Alba. Bidh mise ag ràdh riu gum bi aimsir thaitneach againn anns a' Chèitean agus anns an t-Sultain. Ach cha bhi sin a' tachairt a h-uile bliadhna. 'S dòcha gu bheil an aimsir ag atharrachadh. Bha an t-luchar grianach teth am bliadhna. Bha luchd-turais a' cur luach air an t-side mhath. An dèidh aimsir fhliuch ann an iomadh àite, nì sinn toileachadh ri seachdainean de shìde a tha tioram grianach.

28 MATA 28 Seanfhacal airson a' mhios seo: "Ge beag an t-ugh, thig eun às." (Though the egg be small, a bird will come out of it.) 'S iomadh rud a tha beag, ach nì e feum mòr. Cha robh na deisciobail aig Iosa lìonmhor, ach seall an obair mhòr a rinn iad. Cha robh annta, mar a thubhairt Iosa fhèin, ach "treud beag." Ach an-diugh tha na milleanan de Chrìosdaidhean air feadh an t-saoghail. Tha companaidhean mòra ainmeil ann, ach cha robh aca ach tòiseachadh glè bheag gun ach beagan dhaoine ag obair aca.

28 Anns an luchar chaidh sinn air chuairt à Grianaga gu Baile Atha Cliath ann an Eirinn air bàta mòr. Bha na ceudan air bòrd. Bha còrr is trì cheud duine anns an sgioba a bha air a' bhàta. An-uiridh bha cuideigin as aithne dhomh cuairt air a' bhàta sin. Ràinig iad Lochlainn. Bha iad air bòrd air an t-Sàbaid agus bha seirbheis air a' bhàta. Thàinig a' chuid mhòr den fheadhainn a bha a' seòladh chun na seirbheis. Air muir no air tìr, ann an suidheachadh sam bith, faodaidh sinn adhradh a dhèanamh do Dhia.

AM FEAR-DEASACHAIDH

Seo seòladh Fear-deasachaidh nan Duilleag: Ruairidh MacLeòid, Creag nam Bàirneach, An Fhuirneis, Inbhir Aora, Earra Ghaidheal PA32 8XU. Fòn: 01499500 629 Post-dealain: ruairidhmacleoid@btinternet.co.uk.

Thall 's a-Bhos

AIR AN ADHAR

Air a' mhios seo tha cothrom againn seirbheisean a chaidh a chraoladh roimhe seo a chluinntinn air *Dèanamaid Adhradh*. Seo mar a bhios iad: a' cheud Sàbaid – an t-Urr. Donnchadh MacLeòid, on Eaglais Shaoir; an darna Sàbaid – an t-Urr. Coinneach D. MacLeòid, Eaglais na h-Alba ann an Inbhir Gòrdain; an treas Sàbaid – an t-Urr. Iain A. Mac Ghill' Iosa, on Eaglais Shaoir Leantainnich; an ceathramh Sàbaid – Mgr. Dòmhnall MacLeòid on Ordagh nan Athraichean Geala. Tha còig Sàbaidean anns an t-Sultain, agus bidh an t-Urr. Coinneach Fearghasdan on Eaglais Shaoir air ceann an adhradh air a' chòigeamh Dòmhnach.

FUASGLADH NAN CEIST

Air a' cheud duilleig chuir sinn ceistean oirbh às na Sgrìobtaran mu ùrnaigh. Seo agaibh freagairt nan ceist. 1. Abrahàm. 2. --- Pharasach---- 3. Pòl agus Silas. 4. Sacharias.

RANN

Am broinn nan *Duilleag* tha sinn a' dèanamh sgrùdaidh air leabhar mun darna Fear-deasachaidh a bha air an iris seo, an t-Urr. Iain MacRuairidh. A bharrachd air a bhith 'na fhear-sgrìobhadh ealanta air rosg, chuir e laoidhean ri chèile cuideachd. Seo rann à tè de na laoidhean aige.

*Tha geallaidhean glòrmhor
An Fhacail an còmhnaidh,
Toirt neirt agus treòir dhuinn,
Is dòchas nach gann:
An uair a tha nàmhaid,
Le innleachdan gràineil,
A' cogadh gu là rinn;
'S gar fàgail cho fann.*



Seo an dealbh den Urr. Iain MacRuairidh a tha air taobh a-muigh an leabhair a sgrìobh Calum Laing mu bheatha agus sgrìobhaidhean an t-sàr Ghàidheil seo a bha cho tàlantach mar sgrìobhadair Gàidhlig. Tha dealbhannan eile am broinn an leabhair, gu h-àraidh dealbh den mhinistear agus a theaghlach, teaghlach mòr, timcheall air.

CALUM CILLE

Am bliadhna chumadh seirbheisean sònraichte a' comharrachadh gu bheil mìle agus ceithir cheud gu leth bliadhna bho ràinig Calum Cille eilean I. Ann an 1897 chumadh seirbheisean ann an I a bha a' cuimhneachadh gu robh mìle agus trì cheud bliadhna bho fhuair Calum Cille bàs ann an 597. Bha seirbheis Ghàidhlig air a cumail (cha do thachair sin am bliadhna) agus air ceann na seinn bha an t-Urr. Dòmhnall MacPhàrlain à Giogha. Chrìochnaich an t-seirbheis leis an treas salm thar a' cheud, air fonn *Coleshill*.

LITIR GHASDA

Tha sinn an còmhnaidh toilichte fios fhaighinn on luchd-leughaidh. Fhuair sinn litir laghach o Iain Coutts à Sruighlea ag innse gu bheil e ag ionnsachadh na Gàidhlig agus gu bheil e 'na chuideachadh mòr dha a bhith a' leughadh nan *Duilleagan Gàidhlig*.

ADHBHAR GAIRE

Nuair a bha an t-Urr. Dòmhnall MacPhàrlain 'na mhinistear ann an Giogha chunnaic e croitear agus a mhac, Dòmhnall, a' fiachainn ri clach mhòr a thogail. Bha e a' fairtleachadh orra agus thubhairt an croitear rud-eigin mun t-Sàtan, Dòmhnall Dubh. Leum am ministear, Maighistir Dòmhnall, tarsaing air an fheansa, agus chuidich e iad airson a' chlach a thogail. Thubhairt am ministear ris an athair, "B'fheàirde tu an darna Dòmhnall a bhith agad, Alasdair, ach fàgaidh sinn an treas fear a bheil e."

Urnaigh

A Dhè ar n-Athair nèamhaidh,
ged a tha Thusa àrd os ar cionn,
ged a tha astar mòr eadar talamh agus nèamh,
tha sinn a' toirt taing dhut
airson gach dòigh anns a bheil Thu
a' tighinn dlùth dhuinn.
Tha Thu a' tighinn faisg oirnn
ann an nithean a bhios a' tachairt nar beatha.
Tha Thu gad fhoillseachadh fhèin dhuinn
ann an obair a' chruthachaidh.
Tha Thu a' tighinn dlùth dhuinn
ann an dòigh shònraichte
ann an Iosa Crìosd.

Amen

An dealbh air an aghaidh:
an seo chìthear seann saoghal
agus saoghal ùr air eilean Hirt.
Anns an dealbh tha caora Hiortach
agus tè de na cleitean far a
bhiodh an sluagh a' cleachdadh
airson rudan a stòradh.
Cuideachd anns an dealbh
tha cuid de na togalaichean
a bhuineas don fhicheadamh linn
a chuir an t-Arm an-àird.